



Monad - Seònaid NicLachlainn

Prìomh Eòlasan agus Builean

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.

SOC 2-06a

'S urrainn dhomh bruidhinn mu na h-adhbharan a bha aig daoine a bha an sàs ann an tachartas cudromach san àm a dh'fhalbh agus 's urrainn dhomh measadh a' bhuaidh a bha aca, aig an àm sin agus on uair sin.

SOC 3-06a

Leasan 6	A' cuimhneachadh air Seònaid 'Cuimhnichibh air na daoine bhon tàinig sibh'
Eòlasan & Builean	<p>Tha mi ag ionnsachadh cànan agus stoidhle a chleachdadh ann an dòigh a tha tarraingeach agus/no aig am bi buaidh air an leughadair agam.</p> <p style="text-align: right;">GAI 2-27a</p> <p><i>'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan a mhìneachadh no smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean.</i></p> <p style="text-align: right;">LIT 2-28a</p> <p>'S urrainn dhomh aire leughadairean a ghlacadh agus buaidh a thoirt orra tro mar a tha mi a' cleachdadh cànan, stoidhle agus an tòn a tha a' dol leis an genre.</p> <p style="text-align: right;">GAI 3-27a / GAI 4-27a</p> <p><i>'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan no bun-bheachdan a mhìneachadh agus smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean.</i></p> <p style="text-align: right;">LIT 3-28a</p>
Goireasan	Cleachd Duilleagan PPT 17-19
Èisteachd is Labhairt	Mar chlas – Cothrom bruidhinn – Dè cho duilich 's a bha e a bhith a' siubhal aig àm A' Chiad Chogaidh? Ciamar a bhios Seònaid a' faireachdainn a' siubhal air bàta-bathair? Dè cho cudromach 's a tha e uisge glan fhaighinn?
Gnìomhan	Roghainn - diofar ìrean de dhùbhlann do sgoilearan – Cleachd na gnìomhan a bhios freagarrach dhuibh. *Leabhar-latha – Turas èiginneach – A' Chiad Chogadh ga ghairm Paragraf no dhà bho eòlas Seònaid. Ciamar a bha i a' faireachdainn - a' cluinninn A' Chiad Chogadh ga ghairm? Cò ris a bha coltach air bàta-bathair? Cuimhnich gur e seo sgrìobhadh Seònaid.



	<p>**Saoil cò ris a bhiodh e coltach nam biodh Facebook no Instagram aig Seònaid? Cruthaich barrachd stuth airson duilleag Seònaid - a' cluinntinn A' Chiad Chogadh ga ghairm; turas air a' bhàta; an tinneas a thug bàs dhi.</p> <p>*** Sgrìobh paragraf eile airson fèin-eachdraidh Seònaid - deireadh beatha Seònaid Smaoinich air: Ciamar a bha i a' faireachdainn? Cò ris a bha am bàta coltach? Dè mu dheidhinn gairm a' Chiad Chogaidh? An tinneas a bh' air Seònaid. Cleachd buadhairean agus ìomhaighean gus cunntas a thoirt air cò ris a bha e coltach.</p>
Obair - Leudachaidh	<p>Cruthaich bràiste no carragh a' cuimhneachadh air Seònaid. Dealbhaich bràiste no carragh a bhios freagarrach airson Seònaid chuimneachadh.</p> <p>Dèan plana airson tachartas a' cuimhneachadh beatha Seònaid san sgoil agaibh. Comharraich òrain is cultar na Gàidhlig agus an obair iongantach a rinn Seònaid airson òrain Ghàidhlig a thoirt dhan t-saoghal.</p> <p>-Dè an seòrsa tachartais a dh'fhaodadh sibh a chur air dòigh? – Cèilidh; Taisbeanadh; Film; Dealbh-cluich?</p>
Briathrachas	<p>Gairm (gnìomhar) leig èigh; glaodh:ghairm an coileach sa mhadainn Bàta-bathair (ainmear) bàta a bhios a' toirt stuth do dhùthchannan eile – a' seòladh air uisge</p>